



Teisteanais
Nàiseanta
2022

X832/76/12

Àrd-Ìre

DICIADAIN, 25 CÈITEAN

9:00 M – 10:50 M

**Gàidhlig
Litreachas**
Gàidhlig Literature

Comharran gu lèir — 20

Feuch AON cheist.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Tha leabhran nam freagairtean eile ann airson Leughadh. Cuir do fhreagairtean airson Leughadh ann an leabhran nam freagairtean airson Leughadh.

Mus fàg thu seòmar nan deuchainnean, feumaidh tu an dà leabhar a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



* X 8 3 2 7 6 1 2 *

Comharran gu lèir — 20

Feuch AON cheist.

1. Rosg

- (a) Tagh sgeulachd ghoirid no nobhail a tha gad thoirt, mar leughadair, gu àite no àm sònraichte.

Seall mar a tha an sgeulachd soirbheachail ann a bhith a' toirt tuigse dhut air an àite no air an àm sin.

NO

- (b) *'Cha robh facal anns an sgeulachd sin nach do chuir ri soirbheas a' phlota, nan caractaran agus na teachdaireachd.'*

Tagh sgeulachd ghoirid no nobhail mu bheil seo fìor agus seall mar a chleachd an sgrìobhadair a chuid thàlant an gus seo a dhèanamh.

2. Bàrdachd

- (a) *'Thug an dàn crathadh orm, chan ann a-mhàin air m' inntinn ach air mo chridhe.'*

Tagh pìos bàrdachd mu bheil seo fìor agus seall mar a thug am bàrd a' bhuaidh sin ort.

NO

- (b) Tagh pìos bàrdachd a thug ort smaoinichadh air gnothach poilitigeach, sòisealta no moralta.

Le bhith a' sgrùdadh sgilean sgrìobhaidh a' bhàird, seall mar a thug e/i ort beachdachadh air a' chuspair sin.

3. Dràma

- (a) Tagh dràma anns a bheil buaireadh eadar na prìomh caractaran.

Seall mar a chaidh sgilean sgrìobhaidh a chleachdadh airson an strì seo a thaisbeanadh agus mar a chleachd an sgrìobhadair an strì airson cuspair(ean) cudromach a rannsachadh.

NO

- (b) *'Tha dràma gu tric air a chleachdadh mar dhòigh air sgrùdadh a dhèanamh air an t-saoghal anns a bheil sinn beò.'*

Tagh dràma mu bheil seo fìor. Seall mar a chruthaich an sgrìobhadair e gu sgileil gus toirt air an luchd-coimhead beachdachadh air an t-suidheachadh aca fhèin.

4. Film/Telebhisean

- (a) Tagh film no prògram anns a bheil sgaradh eadar dà chultar.

Seall mar a tha an sgaradh seo aig cridhe a' phrògraim agus mar a chaidh sgilean teicnigeach a chleachdadh gus an sgaradh seo a sgrùdadh.

NO

- (b) *'Fuirichidh sin nam chuimhne gu bràth.'*

Tagh film no prògram anns an robh tachartas sònraichte a thug buaidh mhòr ort. Beachdaich air na diofar sgilean cruthachail a chaidh a chleachdadh gus an tachartas a thoirt beò agus ceangal a dhèanamh riut.

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO